

Bòrd na Gàidhlig – Stiùireadh ri linn fiosrachadh banca do luchd-taic

Ma tha sibh soirbheachail is tabhartas fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig, thèid iarraidh oirbh airson am fiosrachadh banca agaibh a thoirt dhuinn aig àm a tha sibh gabhail ris an tabhartas gus an urrainn dhuinn an tabhartas a phàigheadh dhuibh.

Tha an stiùireadh goirid seo ann gus fios a thoirt dhuibh air gnothaichean air am bu chòir dhuibh a bhith mothachail aig àm iarrtas a chur a-steach, gabhail ri tairgse taic-airgid, agus rè ùine ur phròiseict, gus dearbhadh gu bheil am pròiseas seo air a làimhseachadh gu cheart agus gu h-èifeachdach.

Nuair a tha thu a' cur iarrtas thugainn

Mus cuir thu a-steach an iarrtas agad, feumaidh tu dearbhadh gu bheil cunntas banca fosgailte agad san RA às leth am buidheann no mar neach fa leth a tha cur an iarrtas a-steach. Dh'fhaodadh gun tèid an iarrtas agad a dhiùltadh ma tha thu ann am pròiseas cunntas fhosgladh aig àm a tha thu cur a-steach an iarrtas.

Feumaidh ainm a' chunntais agad a bhith ceangailte gu dìreach ris a' bhuidheann/neach fa leth a tha a' cur a-steach, agus anns a' mhòr-chuid de chùisean feumaidh seo a bhith co-ionnan ri ainm na buidhne agad no ri d' ainm fhèin, mar as iomchaidh.

Chan eil ach beagan cùisean sònraichte ann far nach eil seo gu h-àrd ri leantainn:

- Far a bheil do chunntas anns an ainm a bh' agad mus do phòs thu (feumaidh tu dearbhadh a thoirt seachad air atharrachadh ainm, m.e. teisteanas pòsaidh)
- Far a bheil thu nad neach-malairt fa-leth a tha a' cur a-steach airson tabhartas ann an ainm malairt (is dòcha gun iarr sinn dearbhadh air an Àireamh Luchd-pàighidh Cìse Sònraichte agad (UTR) bho HMRC)
- Far a bheil thu air cunntas air leth a stèidheachadh gus an tabhartas a riaghladh (feumaidh ainm a' chunntais a bhith co-cheangailte ri tiotal a' phròiseict mar a chaidh iarraidh)
- Far a bheil treas pàrtaidh a' làimhseachadh d' ionmhas air sgàth ciorraim (feumaidh litir dearbhaidh ainm-sgrìobhte no teisteanas a' sealltainn Cumhachd Neach-lagha a thoirt dhuinn)

Cha phàigh sinn a-steach do chunntas aig neach fa leth às leth buidhne, no do chunntas buidhne às leth neach fa leth (ach a-mhàin far a bheil seo às leth cìsean cùrsa airson cùrsa foghlaim).

A' lìonadh foirm fios banca

Thèid foirm fios banca a chur thugad mar phàirt de phasgan DocuSign còmhla ris an litir tairgse agus ar cumhaichean tabhartais coitcheann ma gheibh thu tabhartas bhuainn.

Iarraidh am foirm ort an t-ainm air a' chunntas a dhearbhadh (ainm na buidhne agad no d' ainm mar neach fa leth mar a tha iomchaidh) – **CHAN E** an seòrsa cunntais (me Cunntas Gnìomhachais), àireamh a' chunntais, còd seòrsachaidh, fiosrachadh air meòir a' bhanca agus

fiosrachadh conaltraidh a dhearbhadh airson an neach as iomchaidh airson bruidhinn ris a thaobh a' chunntais ma tha ceistean sam bith ann.

Airson buidhnean, bu chòir don neach a tha a' soidhnigeadh foirm a' bhanca a bhith na neach-soidhnidh airson a' chunntais banca no air dhòigh eile ùghdarraichte leis a' bhuidhinn gus pàighidhean a dhèanamh, fhaighinn no ceadachadh.

Ma tha am fiosrachadh banca seo eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a bh' againn roimhe air faidhle airson tabhartas roimhe, iarraidh sinn ort fianais a thoirt seachad gu bheil am fiosrachadh banca seo ceart (faic an ath earrann).

Fianais air fiosrachadh banca

Mur eil am fiosrachadh seo againn air a chlàradh mar thà, no mura d' fhuair sinn an fhianais seo anns na h-ochd mìosan deug mu dheireadh, iarraidh sinn ort aithris a chuir a-steach thugainn airson a' chunntais shònraichte a chaidh a thoirt seachad leis a' bhanca agad anns na trì mìosan mu dheireadh no slip pàighidh ro-chlò-bhuailte gus dearbhadh gur e cunntas dligheach a tha seo a tha co-cheangailte riut (no airson ùghdarrasan ionadail no buidhnean poblach, litir iomchaidh airson dearbhadh gu bheil am fiosrachadh ceart).

Cha bhith feum agad seo a dhèanamh ma chuir thu a-steach an fhianais seo thugainn còmhla ris an iarrtas agad.

Ma tha sibh air cunntas banca fhosgladh taobh a-staigh nan trì mìosan mu dheireadh agus mura d' fhuair thu aithris fhathast, gabhaidh sinn ri litir bhon bhanca gus dearbhadh a dhèanamh air fiosrachadh a' chunntais agus cuin a chaidh an cunntas fhosgladh (gus dèanamh cinnteach gun deach seo fhosgladh mus deach an iarrtas a chuir a-steach).

Mar a nì sinn pàighidhean

Nì sinn pàighidhean dhut a rèir na litreach taigse a chaidh a thoirt dhut nuair a fhuair thu an tabhartas no mar a chaidh aontachadh eadarainn às dèidh sin. Mar as trice thèid iad sin a dhèanamh às dèidh dhut litir taigse a thilleadh no às dèidh dhuinn aithisg a chuir thu a-steach aontachadh. Feumaidh tu dearbhadh, ged tà, gun toir thu sùil air an litir taigse agad airson cumhaichean sam bith eile a dh' fhaodadh sinn a mìneachadh far am feum sibh rudeigin eile a choileanadh gus pàigheadh fhaighinn.

Bidh sinn a' dèanamh ar pàighidhean gu dealanach le Bacs, agus gheibh thu fios tro phost-d bho Fluxx gus dearbhadh cuin a chaidh pàigheadh a dhèanamh.

Atharrachadh fiosrachadh banca

Ma dh' atharraicheas gin den fiosrachadh banca agaibh aig àm sam bith rè ùine a' phròiseict agad, feumaidh sibh fios a chuir thugainn cho luath 's a ghabhas.

Iarraidh sinn oirbh an uair sin foirm fios banca ùr a lìonadh agus iarraidh sinn aithris no litir gus dearbhadh gu bheil cunntas ùr air fhosgladh.

Fiosrachadh mu na pàighidhean agad

Gheibh thu fiosrachadh a thaobh pàighidhean bhon tabhartas(an) agad a chaidh a dhèanamh dhut, no a tha ri phàigheadh dhut, tro Fluxx aig àm sam bith. Tha am fiosrachadh seo a' gabhail a-steach an t-suim a thèid a phàigheadh, an ceann-latha a chaidh pàigheadh a dhèanamh/no a thathar an dùil a dhèanamh, agus ro-riatanasan sam bith a dh' fheumas sinn mus cuir sinn a-mach pàigheadh.

Glèidheadh dàta

Nuair a tha an tabhartas agad air a dhùnadh (i.e. le gach aithisg is pàigheadh air a choileanadh), mur eil tabhartasan beò agad le Bhòrd na Gàidhlig cuiridh sinn às den fiosrachadh banca agad bhon t-siostam againn. Ma tha sinn taigse tabhartas ùr dhuibh, bidh agaibh ri fianais ùr a chur thugainn air am fiosrachadh banca agad còmhla ris am foirm fios banca.

Cobhair agus comhairle a bharrachd

Ma tha ceistean sam bith agaibh a thaobh cunntasan banca no pàighidhean, cuiribh fios chun sgioba thabhartasan againn aig àm sam bith tro tabhartas@gaidhlig.scot no cuir fòn gu 01463 225454.

Air ùrachadh: 21 Lùnastal 2025